STORYWORLDS

Am bogsa bìdh



Keith Gaines • Shelagh McNicholas



’S e deagh charaidean a th’ ann an Seasaidh, Sam agus Seòras.

’S i a’ Bhean-phòsta Ros an tidsear a th’ aca.

Là bha siud nuair a thàinig àm dìnneir fhuair a’ chlann uile am bogsaichean bìdh.

Ach, mo chreach, bha bogsa an tidseir falamh.

“Dè thachair?” thuirt a’ chlann uile.



"Chan eil an dìnnear
agam an seo,"
arsa an tidsear.





Thàinig Seasaidh a-mach chun an tidseir.



"Seo banana dhuibh,"
arsa Seasaidh.



Thàinig Sam a-mach chun an tidseir.



"Agus seo criospan dhuibh,"
arsa Sam.



Thàinig Seòras a-mach chun an tidseir.



"Agus seo ceapaire dhuibh,"
arsa Seòras.



"Seo cèic dhuibh,"
arsa Seasaidh.



"Agus seo ubhal dhuibh,"
arsa Sam.



"Tapadh leibh.
Abair deagh dhìnnear,"
arsa a' Bhean-phòsta Ros.